



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Matamataig - Fuasgladh Dhuilgheadasan Freagairtean

- 1 Tha 129 de Bhuill ann. Mas e gun bhòt 56 de na Buill 'seadh', agus gun seachain 3 dhiubh, cia mheud a bhòtas 'chan eadh'? (Cuimhnich nach bi an t-Oifigear Riaghlaidh a' bhòtadh ach a-mhàin ma tha bhòtaichean seadh agus chan eadh co-ionnan).
Freagairt: $56+3=59$ $129-1$ (Oifigear-riaghlaidh)= 128 $128-59=69$
- 2 Tha 108 oifisean airson nam Ball ann an togalach nam Ball. Cia mheud Ball aig a bheil oifisean àiteigin eile ann an togalaichean na Pàrlamaid?
Freagairt: $129-108=21$
- 3 Chan fhaod an t-Oifigear Riaghlaidh bhòtadh ach a-mhàin nuair a bhios àireamh nam bhòtaichean 'seadh' is 'chan eadh' co-ionnan. Mas e gun bhòt 54 de Bhuill 'seadh' agus gun seachain 8, cia mheud a dh'fheumas bhòtadh 'chan eadh' gus toirt air an Oifigear Riaghlaidh bhòtadh?
Freagairt: **54**
- 4 Tha na 129 Buill air fad ann an Lobaidh a' Ghàrraidh. Tha trian a' fàgail a dhol don t-Seòmar-dheasbaid. Cia mheud a tha air am fàgail ann an Lobaidh a' Ghàrraidh?
Freagairt: $129/3=43$ $129-43=86$
- 5 Aig taghadh 2011, chaidh 45 boireannaich a thaghadh mar Bhuill. Cia mheud Ball a tha nam fireannaich?
Freagairt: $129-45=84$
- 6 Ghlèidh SNP 69 a-mach às na 129 suidheachain aig taghadh 2011. Sgrìobh seo mar bhloigh. Dèan e cho ìseal agus as urrainn dhut.
Freagairt: $69/129 = 23/43$
- 7 Bidh am Ball airson Obar Dheathain a' siubhal air an trèana don Phàrlamaid ann an Dùn Èideann. Bidh e glacadh trèana aig 09:52 agus bidh an turas a' toirt dà uair a thìde agus trìthead 's a trì mionaidean. Cuine ruigeas e Dùn Èideann?
Freagairt: **12:25**
- 8 Tha 5 de luchd-taghadh a' sgrìobhadh litir an urra do na 8 Buill aca. Cia mheud stampa a bhios a dhìth orra uile-gu-lèir?
Freagairt: $5 \times 8 = 40$



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Matamataig - Fuasgladh Dhuilgheadasan Freagairtean

- 9** Bidh Ball a' faighinn 100 post-dealain gach latha. Cia mheud post-dealain a gheibh Ball gach bliadhna?
Freagairt: $100 \times 365 = 36,500$
- 10** Tha 272 de sholais anns an t-seòmar. Nam b' e gun robh 25% aca nach robh ag obair, cia mheud solas a bhiodh air?
Freagairt: $272 / 4 = 68$ $272 - 68 = 204$
- 11** Thòisich deasbad aig 14.35. Fhuair gach Ball 6 mionaidean airson bruidhinn. Nam b' e gun robh 8 luchd-labhairt ann, cuin a thàinig an deasbad gu crìch?
Freagairt: $8 \times 6 = 48$ mionaidean $14:35 + 48$ mionaidean = **15:23**
- 12** Bha 128 de Bhuill anns an t-seòmar aig àm co-dhùnaidh. Bhòt 50% seadh, 25% chan eadh. Cia mheud a sheachain?
Freagairt: $50\% + 25\% = 75\%$ $100\% - 75\% = 25\%$ mar sin, sheachain 25%. $128 / 4 = 32$ $25\% = 32$ **BUILL**
- 13** Tha deasbad a' tòiseachadh aig 14:00. Bidh a' chiad 6 den luchd-labhairt a' bruidhinn fad 6 mionaidean an urra. Bidh an ath 6 a' bruidhinn fad 3 mionaidean an urra. Cuin a bhios an deasbad a' tighinn gu crìch?
Freagairt: $6 \times 6 = 36$, $6 \times 3 = 18$ $36 + 18 + 6 = 60$ mionaidean, mar sin bidh an deasbad a' tighinn gu crìch aig **15:00**
- 14** Tha coinneamh aig BPA sa Phàrlamaid aig 10:00. Tha i a' siubhal air a' bhus don Phàrlamaid agus bidh an turas a' toirt 50 mionaid. Tha ceum 15 mionaidean aice an uair sin bho stèisean nam busaichean don Phàrlamaid. Tha e a' toirt còig mionaidean an uair sin seòmar na coinneimh san togalach a ruigsinn. Tha trì amannan-bus ann - 8:20, 8:50 and 9:20. Cò am fear a bheir i ann an an àm airson na coinneimh aice?
Freagairt: Àm-siubhail = $50 + 15 + 5 = 70$ mionaidean. A' cunntadh air ais, gheibh bus 8.50 ann ann an àm i, air neo dh'fhaodadh i bus 8.20 a ghabhail ma tha i ag iarraidh a bhith ann tràth